

Tha Carragh àraid
Dhrostaìn làn d'
ìomhaighean agus
sgrìobhadh sònraichte
dìamhair snaighte oirre.

A' RANNSACHADH CARRAGH DHROSTAIN

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg





Carragh Dhrostaìn

Tha carraighean Cruithneach am measg nan clachan-cuimhne is sònraichte an Alba. Gheibhear samhlaidhean is iomhaighean grinn nochdte snaighte air ulpagan is leacan, 's air clachan-seasaidh a chaidh a ghearradh is a chumadh a dh'aona ghnòthach. Chaidh a' chuid is motha de na tha againn an-diugh a shnaigheadh eadar 500 agus 900 BT. Tha tòrr dhiubh fhathast san àite san deach an cur suas beagnach 1500 bliadhna air ais, ach a' mhòr-chuid a-nis ann an taighean-tasgaidh air sgàth glèidhteachais.

Air aon dhiubh seo tha Carragh Dhrostaìn, a chithear ri taobh chlachan eile on àm seo ann an Taigh-tasgaidh Charraighean Snaighte Chill Fheichin faisg air Obar Bhrothaig. Bha baile Chill Fheichin uair na àite cudromach a thaobh creideimh agus is iad na clachan snaighte on àm seo an fhianais is fhollaisiche a th' againn. Tha Carragh Dhrostaìn air clach cho maisichte 's a tha ann agus tha obair-shnaighte dìomhaur oirre.

Fiosrachaidh Feumail

- Àite: Taigh-tasgaidh Chill Fheichin, Cill Fheichin, DD11 4RB; 0.5 mìle tuath air Obar Bhrothaig far an A92.
- Parcadh: tha ionad-parcaidh beag faisg air làimh a ghabhas busaichean beaga 's chan e busaichean mòra. Gabhaidh ionad-parcaidh ri taobh talla a' bhaile coidse agus tha slighe a-steach ann on A933. Faighnich 's tu a' cur turas air dòigh.
- Ruigsinneachd: tha an taigh-tasgaidh làn ruigsinneach.
- An taigh-beag is fhaisge: aon taigh-beag aig an taigh-tasgaidh.
- Cur air dòigh: airson seo agus uairean-fosgaidh, fòn 01241 433739. Saor 's an asgaidh. Gus faighinn a-mach mu sgeama còmhhdhail (le subsadaidh) Alba Aosmhor, fòn 0131 668 8793.
- Nòta: Chan eil mòran rùm san taigh-tasgaidh ach gabhar ri buidhnean de 14 duine aig an aon àm. Dh'fhaodadh sgoilearan eile dol don eaglais a tha faisg air làimh san eadar-àm.
- Faiceall: Air sgàth glèidhteachais, na buin ris a' charragh neo dealbhan-camara a ghabhail dhith.

Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagaisg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air Carragh Dhrostaìn ann an Taigh-tasgaidh Chill Fheichin. Bidh deasbad sìmplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh.

Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagaisg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Carragh Dhrostaìn ann an co-theacs nan clachan Cruithneach eile 's a' moladh tuilleadh rud a nithear roimh thigheann ann agus na dhèidh.

Fòn **0131 668 8793/8736** no tadhail air www.historic-scotland.gov.uk gus barrachd fhaighinn a-mach.

Gnìomhan a mholar

- Tomhais a' charragh, chor is gun tèid agad air modail a dhèanamh air ais san sgoil.
- Dèan dealbh de dh'aon phàirt den charragh. San sgoil faodar na dealbh seo a chur gu feum mar bhunait dealbh-sgèile neo modail.
- Neo dh'fhaodadh an cleachdadh gus sgrìobhadh smaoineachail no ealain a mhisneachadh. Tha na samhlaidhean feumail mar mhotif do dh'obair chlò-bhualaidh.
- 'Snaigh' pàtran no suaicheantas on charragh a-steach air sglèat crèadha. Nuairsin gabhaidh seo a chur ann an àth is ann an raon-cluiche na sgoile.

Tuilleadh Leughaidh

- Foghlam Alba Aosmhor, *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009.
- Anna Ritchie, *Picts*, Alba Aosmhor/ OFNB 1995.
- Iain Fraser agus John Borland, *The Pictish Symbol Stones of Scotland*, CRLAEA, 2008.



Robh fhios agad...

Lorgadh am pìos àrd den charragh-sa mar fhear de na ceumannan ann an Eaglais Naomh Fheichin!



Beathaichean snaighte, an dà chuid fìor is miotasach



Tar-làmh fìor mhaisichte

Cùl-fhiosrachadh

Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan ron turas neo air an làraich.

- Chaidh a' charragh seo a shnaigheadh còrr is 1200 bliadhna air ais le cinne daoine air a bheil Na Cruithnich. B' iadsan a bha a' còmhnaidh air taobh tuath is taobh an ear na h-Alba eadar 300 is 900 BT.
- Chan eilear cinnteach dè feum a bha sna charraighean seo. Is dòcha gun robh iad a' comharradh àite-tiodhlacaidh cuideigin cudromach, comharra-crìche air neo àite far am biodhte ri deas-ghnàthan cràbhach. Sheasadh iad a-muigh far am faicedh a h-uile duine iad.
- Tha mòran charraighean Cruithneach mar an tè seo ann an Alba. Tha fhios againn gur e na Cruithnich a rinn iad ri linn 's gu bheil iad snaighte ann an stoidhle coltach ri chèile 's tòrr de na h-aon ìomhaighean neo pàtranan orra.
- Tha a' charragh seo glè neo-àbhaisteach oir cho math ri pàtranan is maiseachd tha sgrìobhadh oirre. Chan eil ach aon chlach eile ann an Alba a tha a' cleachdadh litrichean mar an fheadhainn a chleachdas sinne an-diugh.
- 'S dòcha gun deach a' charragh a mhaiseachadh no a pheantadh agus i ùr-nua.
- Lorgadh a' chlach seo na dà phìos. Chleachdadh am pìos aig a' bhun mar cheum-cabhsair san eaglais, agus am pìos aig a' bhàrr mar cheum staighre!



Puingean-deasbai



Ainmhidhean miotasach a' snàgadh mun chrois Chrìosdail.

Spreagadh an Neach-Teagaisg

Gabh grad-amhairc den chrois. Lorg samhla neo pàtran is math leat. Seall ri caraid e.

Seall air an taobh sa bheil a' chrois. Dè bhios a' chrois a' samhlachadh? Dè dh'innseas seo dhuinn mu na Cruithnich?

Seall air na rudan snaighte mun chrois. A bheil na h-ainmhidhean fìor air neo an deach an dèanamh suas mar mhiotais?

Carson a smaoinicheas tu gun do shnaigh na Cruithnich uilebheistean mun chrois?

Dè chì thu suas air chli? Saoilidh an luchd-eachdraidh gur dòcha gun robh aingeal suas air an taobh dheis.

Seall air pàtran làmh na croise. Dè chuireas e an cuimhne dhut? Aithnichear seo mar obair-shnaidhme, neo obair eadar-fhighte, car coltach ri iallan.

Bheil am pàtran cunbhalach? Coimhead air mar a tha na pàtranan a' nochdadh gu tric.

Feuch an lean thu am pàtran led shùil. Mar is bitheanta bidh e mar aon loidhne leantainneach.

Creididh cuid den luchd-eachdraidh gun do shnaigh na Cruithnich obair-shnaidhme chor agus gum biodh d' inntinn socair 's tu a' coimhead oirre, deiseil gus ùrnaigh gu dia.

Freagairtean nan sgoilearan

Freagairtean nan Sgoilearan fhèin.

Samhla Crìosdail.
Gun robh iad nan Crìosdaidhean.

Uilebheistean agus beathaichean neònach.

'S dòcha gus sealltainn gun cuireadh cumhachd na Crìosdaidheachd ruaig air uilebheistean.

Creutair air choltas deamhain - a' coimhead glè mì-mhodhail.

Smaointean nan sgoilearan fhèin - snaidhmean, falt pleatach, ròp.

Tha, pàtran cunbhalach - ged a tha na snaighmean suas rud beag eadar-dhealaichte.



Sealg Fèidh



Samhlaidhean dìomhaire



Am fear-tòir agus a thòir!

Seall air an taobh eile. Dè tha ga fhàgail diofraichte on chiad taobh?

Tha trì sreathan de dh'ìomhaighean air an taobh-sa den chrois - samhlaidhean Cruithneach, sealladh seilge is ìomhaighean eile ceangailte ri sealg. Dè an t-òrdugh, a' dol o bhàrr gu bonn?

Dè seòrsa ainmhidhean a chì thu?

An canadh tu gu bheil am fiadh san dealbh fìor-riochdail? Dè tha seo ag innse dhuinn mu na Cruithnich?

Tha cuid de na h-ainmhidhean seo a-nis a-mach à bith ann an Alba. Bheil fhios agad dè an fheadhainn?

Am faic thu daoine sam bith ann?

Dè tha e a' dèanamh?

Saoilidh cuid gur dòcha gur seòrsa d' ainm-sgrìobhte an snaigheadair e.

Coimhead airson na soighnichean no samhlaidhean seo:

- Corran
- Diosg dùbailte le slat-Z
- Sgàthan

Chan eil fhios an-diugh dè is ciall do na samhlaidhean. 'S dòcha gur seòrsa de chànan iad, air neo gun riochdaich iad ainmean daoine. 'S dòcha gun seall samhla mar an diosg dùbailte gun deach dà theaghlach a cheangal tro phòsadh. Saoilidh cuid gum buin samhlaidhean àraid ri boireannaich - a' chìr is an sgàthan is dòcha.

Dè shaoileas tu a bu chiall do na samhlaidhean seo?

Cuir iadsan an coimeas ris na samhlaidhean air carraighean eile. Tha snaigheadh Charragh Dhrostain tòrr nas fheàrr na an còrr. 'S dòcha gun deach a dhèanamh le sàr-shnaigheadair, 's an fheadhainn eile le luchd-ionnsachaidh.

Chan eil crois ann. Tha e a' sealltainn tòrr ainmhidhean agus duine. Gun phàtranan.

Suas - sealladh seilge.
Meadhan - samhlaidhean.
Sìos - ìomhaighean a tha san fharsaingeachd ceangailte ri sealg.

[o bhàrr gu bonn] Coin, damh, geàrr (fo fhiadh), mathan, eilid le meann, dà bheathach mhiotasach, iolair a' piocadh bradain, torc fiadhaich.

Chanadh. Gur dòcha gum biodh na Cruithnich a' sealg an fhèidh agus ainmhidhean eile mar an torc fiadhaich.

Mathan; torc fiadhaich.

Duine le currac sìos air chli.

Air impis bogha-tarsainn a leigeil.

Corran - air chli sa mheadhan; diosg dùbailte le slat-Z - sa mheadhan; sgàthan - air dheis sa mheadhan

Smaointean nan sgoilearan fhèin.



Dè is ciall don sgrìobhadh seo?

Coimhead airson panail sgrìobhte air a' chloich.

Saoilidh luchd-eachdraidh gun can e DROSTEN IPEUORET ETTFOR CUS.

Ged a tha na litrichean soilleir, chan fhaodamaid a bhith cinnteach dè an cànan as a bheil e, neo dè is ciall do na faclan.

'S dòcha gur ainm DROSTEN – mar sin canar Carragh Dhrostain ris a' chloich seo. An urrainn dhut am facal Drosten a lorg?

Carson a bhiodh ainm air a' charragh? Dè seòrsa duine a dh'fhaodadh a bhith ann, na do bheachd?

Dè an taobh den charragh a bha mar an aghaidh neo am prìomh-thaobh?

Dè an taobh den charragh is fheàrr leat fhèin?

'S dòcha gun robh a' charragh a' comharradh na h-uaigne aige, neo gur e charragh-cuimhne a th' innte.

Tha fhios gun robh e beartach neo cudromach.

Taobh na croise - oir tha seo na samhla cràbhach cudromach.

Freagairtean nan Sgoilearan fhèin.